



Seo beachdan gus an Nollaig a thoirt a-steach dhan obair dràma agad

Beachdan airson leasan



1. Leig leis na sgoilearan sgrìobt a sgrìobhadh airson an deilbh-chluich Nollaig aca fhèin. Dh'fhaodadh iad na dealbhan-cluich aca a dhèanamh air beulaibh a chèile air an latha mu dheireadh ro na saor-làithean.
2. Ann am buidhnean beaga, dèanaibh frèam-reòite de shealladh bhon fhilm Nollaig as fheàrr leotha. Dh'fhaodadh na sgoilearan tomhas dè am film no an sealladh a tha ga riochdachadh.
3. Cluich Charades Nollaig.
4. Ron leasan, cuir nithean no dealbhan co-cheangailte ris an Nollaig am falach san rùm-teagaisg, san raon-chluich no san sgoil. Feumaidh sgoilearan an lorg. Dh'fhaodadh tu sanasan a thoirt dhaibh, ceann-ùine a thoirt dhaibh, no duais ullachadh airson an sgioba a lorgas a' chuid as motha de na nithean Nollaig.
5. Cuir na sgoilearan ann an cearcall. Tòisichidh a' chiad chluicheadair le bhith ag ràdh, "Air an Oidhche ron Nollaig tha mi a' siubhal còmhla ri Santa agus tha mi a' toirt leam... (rudeigin a' tòiseachadh le A)". Ath-aithrisidh an ath chluicheadair na thuirt a' chiad chluicheadair, agus cuiridh e rudeigin ris a' tòiseachadh le B. Leanaidh an gèam leis na sgoilearan a' dol tron aibideil gus an dìochuimhnich sgoilear aon de na rudan. Gus dùbhlàn a bharrachd a thoirt dhaibh, iarr air na sgoilearan gnìomh a dhèanamh a mhaidseas an rud a tha iad ag ainmeachadh.



6. Cluich na suidheachaidhean seo sa chlas gus beagan spòrs a bhith agaibh ro na saor-làithean...

- Tha Santa an dèidh mullach taigh do nàbaidh a ruigheachd. Tha e air feuchainn ri faighinn sìos an similear ach tha e air cus phàidhean Nollaig ithe agus tha e an sàs san t-similear. Le cluiche seall mar a shàbhaileadh tu an Nollaig.
- Tha Rudolph air a shròn ghleansach, dhearg a chall! Ghoid fear de na fèidh eile i. Dè nì Rudolph?
- Tha na màileachain ann am bùth-obrach Shanta ri mì-mhodh. Am bi na preusantan deiseil airson Latha na Nollaig?

Iarr air na sgoilearan pìos goirid a sgrìobhadh iad fhèin mu thubaistean Nollaig.

7. Iarr air na sgoilearan abhcaidean “jokes” a sgrìobhadh a dh’fhaodadh a dhol ann an craigairean Nollaig. Faodaidh iad na h-abhcaidean a chluich còmhla ann an comadaidh Nollaig.

